

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



Please scroll down for English Version

BÒRD NA GÀIDHLIG A' TOIRT TAIC DO NA TRÌ MÒDAN ROMHAINN

22 An Giblean 2009

Fhuair na h-iomairtean airson na trì Mòdan Rìoghail Nàiseanta a tha ri thiginn togail an diugh nuair a chaidh taic airgid de £5,000 a ghealltann le Bòrd na Gàidhlig do na comataidhean ionadail a tha 'gan cur air adhart.

Tha an deasachadh airson na trì Mòdan – an t-Òban am bliadhna anns an Dàmhair, Gallaibh ann an 2010 agus Steòrnabhagh ann an 2011, air ceumanan mòra a ghabhail mar tha tro na comataidhean ionadail a tha a' foillseachadh agus a' brosnachadh chùisean airson gach Mòd.

Thuirt Rosemary Nic a' Bhàird, Ceannard an Gniomh Bhòrd na Gàidhlig: “ 'S e tachartas air leth cudromach a th'anns a' Mhòd ann an saoghal cultarail na h-Alba a-nis agus do shaoghal na Gàidhlig fa-leth, gu sònraichte am bliadhna agus uidhir a' tachairt an luib iomairt Homecoming. Tha na comataidhean ionadail ri obair ionmholta gach turas a tha Mòd anns na sgìrean fa-leth, agus tha iad a' dèanamh oidhrip mhòr gach buannachd a ghabhas buinnig fhaighinn do na coimhearsnachdan anns a bheil na Mòdan le bhith ag obair còmhla ri ùghdarrasan ionadail agus saoghal malairt. 'S ann gu saor-thoileach a tha tòrr dhen obair air a dhèanamh aig ire ionadail agus tha am Bòrd mothachail air sin. Tha cuideachd saoghal doirbh ro bhuidhnean a tha a' tionnal airgid an dràsta. 'S ann aig fior thoiseach gnothach a tha feum air airgead airson cùisean a ghluasad agus tha sinn toilichte ar taic a chur ri na h-oidhirpean a tha na trì comataidhean ionadail airson nam Mòdan a tha romhainn a' cur air adhart, ach an gabh a' bhuannachd as mòtha a ghabhas faighinn a bhuileachadh air na coimhearsnachdan.'"

Chaidh fàilte a chur air an naidheachd anns an Òban far a bheil am Mòd gu bhith am bliadhna anns an Dàmhair. Thuirt Cathraiche a' Chomataidh ionadail Robin Banks: “ Tha sinn air leth toilichte an taic airgid a tha seo fhaighinn bho Bhòrd na Gàidhlig agus bidh e air leth feumail anns na miosan a tha romhainn. Tha sinne nas fhaide air adhart 'nar deisealachadh airson a' Mhòid agus bidh seo 'na chuideachadh mòr dhuinn agus sinn a' foillseachadh na tha romhainn. Chan eil teagamh sam bith agam nach eil fior dheagh Mhòd gu bhith againn anns an Òban, dìreach mar tha e air a bhith bho thùs! ”

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



Airson tuilleadh fiosrachaidh mu ghnothach sam bith a th'anns an Naidheachd seo bho Bhòrd na Gàidhlig, cuiribh fios gu Uisdean MacillInnein air 0751 528 7040. Tha fiosrachadh mu na Mòdan fa-leth ri fhaighinn bhon Chomunn Ghàidhealach no na Comataidhean ionadail.

Faic cuideachd làrach lìn Bhòrd na Gàidhlig: www.bord-na-gaidhlig.org.uk

Faicibh cuideachd: www.mygaelic.com

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



BÒRD NA GÀIDHLIG SUPPORTS NEXT THREE MODS

22 April 2009

The next three Royal National Mods have received a major boost from Bòrd na Gàidhlig which has provided organising committees with £5,000 each to help set up their planning and organisation.

Preparations for the Mods, in Oban in October of this year, Caithness in 2010 and Stornoway in 2011 is now well under way with local committees established to promote event which provides communities with significant boost to the economy when it is held in October.

Rosemary Ward, Acting Chief Executive of Bòrd na Gàidhlig said: "The Royal National Mod is a significant event in terms of Scotland's cultural activity and the promotion of Gaelic and particularly so this year. Each year the various committees charged with organising the event make a massive effort to engage with local communities, authorities and businesses to ensure that it is a success. Much of the work is down to voluntary effort however and there is a limit to the fund-raising which can be achieved. It's at the outset the committees need most support and Bord na Gàidhlig is pleased to be able to offer this financial assistance to enable the local committees to set things up so that the benefits to the community can be maximised."

The financial assistance has been welcomed by Oban's local committee chairman Robin Banks. He said: "The 2009 local committee is delighted to be receiving this financial support from Bord na Gàidhlig which will be useful in these final months preceding the Mod. It is very much appreciated by all and it is a very useful start to for us in terms of ensuring we can promote the mod effectively. I have no doubt Oban is going to host a very special and successful event - again!"

For further information on the Bòrd na Gàidhlig aspects of this news release, please contact Hugh Dan MacLennan on 0751 528 7040.

Bòrd na Gàidhlig website: www.bord-na-gaidhlig.com

See also: www.mygaelic.com